



Comhaltachd Ignite 2021

Urras Leabhraichean na h-Alba ann an co-bhonn le Alba Chruthachail

Ceann-ama: meadhan-latha, Diciadain 26 Lùnastal 2020

Tha am foirm tagraidh seo ri fhaotainn ann an cruthan eile, le iarraidh. Ma tha cuideachadh a dhìth oirbh ann an lìonadh an iarrtais no ma tha feumalachdan eile agaibh, feuch gun cuir sibh fios thugainn airson comhairle fhaotainn. A thaobh cheistean sam bith, cuiribh post-d gu applications@scottishbooktrust.com.

Tha Comhaltachd Ignite fosgailte do thagraichean a tha a' coileanadh slatan-tomhais ar stòr-dàta Litreachais Beò. Chan fheum sibh a bhith san stòr-dàta airson tagradh a chur a-steach.

Fiosrachadh a tha a dhìth san fhoirm tagraidh:

- Fiosrachadh pearsanta.
- Aithris air eòlas buntainneach agus eachdraidh foillseachaidh.
- Na h-earrannan 'Mu do phròiseact' air an lìonadh. Sampall den sgrìobhadh agad.
- Faodaidh an sampall sgrìobhaidh agad a bhith bho phìos obrach foillsichte a-cheana, obair a tha a' dol air adhart, no cothlamadh de na dhà. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach sgeulachdan goirid, dàin no às-earrann bho phìos obrach nas fhaide. (Cuibhreachadh faid: 3,500 facal, 10 duilleagan de bhàrdachd, 15 duilleagan de sgrìobt).
- Ma tha an sampall agad mar às-earrann bho phìos obrach nas fhaide, feuch gun cuir thu geàrr-iomradh còmhla ris. Bu chòir dhaibhsan a tha a' cur a-steach bàrdachd no sgrìobt aithris ghoirid mun phròiseact aca a chur na lùib. (Cuibhreachadh fhacail: 500 facal.)

Cur a-steach do thagradh:

Tha sinn a' moladh gu làidir do fhreagairtean a sgrìobhadh a-mach ann am pàipear air leth airson a shàbhaladh agus ath-dhreachadh mar a bhios riatanach.

- **Na cuir ceanglaichean-lìn no ceanglaichean gu làraichean-lìn** san tagradh agad, mas e do thoil e.
- Thoir an aire nach bi e comasach dhut fòrmatadh a chur an sàs san tagradh agad, a' gabhail a-steach clò dubh, clò eadailteach agus fo-loidhneadh teasca.
- Airson ceistean sam bith, cuir post-d gu: applications@scottishbooktrust.com.

FIOSRACHADH PEARSANTA

Ciad ainm(ean)	
Dara ainm	
Còd-puist Tha seo airson daingneachadh gu bheil thu stèidhichte ann an Alba.	
Prìomh àireamh fòn	
Àireamh fòn eile	
Post-d (Tha feum againn air an seo airson fios a chur thugad mu thoradh an tagraidh agad.)	
A bheil thu a' tagradh mar ùghdar fèin-fhoillsichte? Ma tha, daingnich gu bheil thu a' coileanadh nan slatan-tomhais airidheachd.	Tha/Chan eil
Ciamar a fhuair thu a-mach mu Comhaltachd Ignite 2021?	
Ùidh agad ann am molaidhean, comhairle, duaisean is farpaisean mìosail Urras Leabhraichean na h-Alba?	Fo-sgrìobh don litir-naidheachd againn: https://bit.ly/2u3UGAJ

EÒLAS SGRÌOBHAIDH

Thoir seachad geàrr-iomradh air bàrr-phuingean do dhreuchd-beatha, an obair as ùire agad agus nì sam bith a tha thu a' faireachdainn gu h-àraid buntainneach don tagradh seo. (Cuibhreachadh fhacail: 500 facal) No, tha thu di-beathte C.V Sgrìobhaidh a chur a-steach mar cheangalachan air leth.

Mun phròiseact agad

Innis dhuinn carson a tha thu a' tagradh airson Comhaltachd Ignite agus mar a bhiodh e na bhuannachd don dreuchd sgrìobhaidh agad (Cuibhreachadh fhacail: 200 facal).

Thoir iomradh goirid air a' phròiseact air am bu mhath leat obrachadh rè an tràth dhùaisean (Cuibhreachadh fhacail: 200 facal).

Comharraich prìomh raointean sam bu mhath leat taic led leasachadh mar sgrìobhadair. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach meantoradh, margaideachd agus PR, trèanadh sna meadhanan sòisealta, taic rannsachaidh, trèanadh coileanaidh no lìonraidheadh. (Cuibhreachadh fhacail: 300 facal).

An sampall sgrìobhaidh agad

Copaig agus glaoth do shampall sgrìobhaidh agus do gheàrr-iomradh don bheàrn gu h-ìosal.

Faodaidh an sampall sgrìobhaidh agad a bhith bho phìos obrach foillsichte roimhe, obair leantainneach no measgachadh de na dhà. Bu mhath leis a' phannal às-earrann fhaicinn bhon phròiseact air a bheil thu airson obrachadh, ach tha sinn a' tuigsinn nach gabh seo a bhith comasach an-còmhnaidh agus mar sin gabhar ri sampail eile. Ma bhios ceistean sònraichte sam bith agad mud shampall sgrìobhaidh, feuch gum bruidhinn thu rinn.

Cuibhreachadh fhacail: 3,500 facal de rosg no 90 loidhne de bhàrdachd no 10 duilleagan de sgrìobt.

Ma tha an sampall agad mar às-earrann bho obair nas fhaide, feuch gun cuir thu geàrr-iomradh na lùib. Bu chòir dhaibhsan a tha a' cur a-steach bàrdachd aithris ghoirid mun phròiseact san amharc a chur còmhla ris. (Cuibhreachadh fhacail: 500 facal)

Chan eil an geàrr-iomradh agad a' cunntadh mar phàirt de dh'àireamh fhacail iomlan do shampail.

Fios eile:

Le bhith a' cur a-steach an tagraidh, tha thu a' daingneachadh:

- gu bheil thu air ar slatan-tomhais ion-roghnachd a leughadh agus gu bheil thu airidh air tagradh don chothrom seo;
- gu bheil thu a' tuigsinn ma gheibh thu àite air a' chompanas agus gun lorgar thu neo-airidh, thèid iarraidh ort tarraing às a' phrògram.

Ma tha ceistean sam bith agad mu do shuidheachadh sònraichte fhèin, feuch gun dean thu conaltradh rinn.

Tha Urras Leabhraichean na h-Alba a' stèidheachadh stiùireadh thagraidhean gus a dhèanamh cinnteach gu bheil tagraidhean uile air am breithneachadh gu cothromach. Cha tèid beachdachadh air tagraidhean nach eil a' coileanadh an stiùiridh.

Cur a-steach do thagradh

Cuir do thagradh a-steach air post-d gu applications@scottishbooktrust.com le 'Comhaltachd Ignite 2021: D' ainm' san loidhne cuspair.

Ceann-ama: meadhan-latha, Diciadain 26 Lùnastal 2020. Cha tèid beachdachadh air tagraidhean a gheibhear às dèidh a' chinn-ama.